

6 NIOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

'S urrainn dhomh eachdraidh ghoirid mu chamanachd a sgriobhadh, a' toirt iomradh air mar a thòisich an gèam, far a bheileas ga chluich agus innse mu fharraisean an latha an-diugh:

- Rannsaich eachdraidh a' chamanachd.
- Faigh a-mach mu na ceanglaichean eadar e is geamannan a thathas a' cluich an Èirinn, sa Chuimhrigh agus an Eilean Mhanainn.
- Faigh a-mach mu chlubaichean camanachd agus farraisean a tha Comann na Camanachd a' cur air dòigh.
- Sgrìobh aithris mu chamanachd airson neach-turais a tha air a thigheann a dh'Alba.

'S urrainn dhomh cuideachadh le taisbeanadh camanachd ullachadh le uidheam, dealbhan agus sgeidsichean a' sealltainn riaghailtean a' gheama:

- Cruinnich uidheam camanachd mar chomain is bhàllaichean.
- Theirig gu gèam camanachd, bruidhinn ris na cluicheadairean agus tog dealbhan.
- Dèan dealbh de raon-chluiche camanachd, a' sealltainn faid is leud an raoin agus a' comharrachadh far a bheil na puist-tadhail agus na loidhnichean.
- Dèan liosta de phrìomh riaghailtean a' gheama.

'S urrainn dhomh rannsachadh a dhèanamh air na priomh chlubaichean camanachd agus air feadhainn dhe na cluicheadairean as feàrr a th' aca ainmeachadh:

- Faigh a-mach mu Phrìomh Liog agus na roinnean camanachd.
- Dèan liosta dhe na sgiobaidean a bhuannaich thar nan còig bliadhna bho dheireadh.
- Rannsaich dè na sgiobaidean a rèanig cuairtean-deireannach nam priomh chuachan thar nan còig bliadhna bho dheireadh.
- Nuair a gheibh thu fiosrachadh air na priomh sgiobaidean, faigh a-mach mu na sàr-chluicheadairean aca.
- Tagh sàr-chluicheadair camanachd agus dèan taisbeanadh air beulaibh a' chlas mun neach sin.



'S urrainn dhomh ionnsachadh mar a chluicheas mi camanachd agus pàirt a ghabhail ann an geamannan camanachd:

- larr air an tidsear Spòrs agad leasannan camanachd a thoirt dhan chlas.
- Faigh a-mach càit a bheileas a' cluich camanachd san sgìre agad fhèin.
- Cuir fios air a' chluib agus faighnich an toir iad .coidseadh seachad.
- Gabh pàirt ann an gèam camanachd.

CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

Carson a tha thu a' smaoineachadh a tha camanachd ga chluich leis na h-Albannaich is na h-Èireannaich, ach nach eil leis na Sasannaich?

Dè do bheachd air camanachd mar ghèam an taca ri ball-coise?

Dè na sgilean a dh'fheumas a bhith aig sàr-chluicheadair camanachd?

Dè na buannachdan a tha an cois a bhith a' cluich camanachd?



ÈOLASAN IS BUILEAN

Tha mi a' faighinn tlachd agus a' dèanamh adhartas gach latha le bhith a' gabhail pàirt ann an diofar sheòrsaichean gnìomhachd shunndach a tha mi fhìn air a thaghadh, a' gabhail a steach spòrs agus chothroman airson ionnsachadh a-muigh a tha rim faighinn aig m' àite ionnsachaidh agus sa choimhearsnachd mun cuairt. HWB 2-25a / HWB 3-25a

Tha mi air an t-àite aig spòrs agus na cothroman a dh'haodas e a thoirt dhomh a rannsachadh. 'S urrainn dhomh feum a dhèanamh den chothrom pàirt a ghabhail ann an spòrs agus mo chomasan a thoirt air adhart nam àite ionnsachaidh agus air an taobh a-muigh. HWB 2-26a / HWB 3-26a

'S urrainn dhomh taghadh priomh agus dàrna stòrasan airson tachartasan san àm a dh'fhalbh a rannsachadh. SOC 2-01a

'S urrainn dhomh cuspair eachdraidheil Albannach a rannsachadh, gus faighinn a mach mar a tha tachartasan àraidih no obair dhaoine no bhuidhnean fa leth air cruth a thoirt air coimhearsnachd na h Alba. SOC 2-03a

CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

<http://www.shinty.com/index-home/>

<https://www.youtube.com/user/camanachdassociation>

<https://www.youtube.com/user/coachingshinty>

<http://www.bbc.co.uk/sport/get-inspired/23194530>

<http://www.bbc.co.uk/sport/scotland/26492232>

<http://www.womens-shinty.com/>

'Camanachd: the story of Shinty' le Roger Hutchinson

'Not an orchid': le Hugh Dan MacIalluin

